

STORYWORLDS



Am mathan nach dèanadh drannan



Shoo Rayner

**Am
mathan
nach dèanadh
drannan**



An teacsa Shoo Rayner
Na dealbhan Shoo Rayner
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Tha fios againn uile gum bi mathain
a' dranndan.


Uill, seo stòraidh mu mhathan nach
dèanadh dranndan.

'S e Ailig an t-ainm a bha air.

'S e mathan toilichte a bh' ann an Ailig
agus cha bhiodh e a' dranndan uair sam
bith. Cha bhiodh, eadhon ged a bhiodh aige
ri rudan nach còrdadh ris a dhèanamh.
Nuair a dh'iarradh màthair Ailig air
an uaimh a sgioblachadh, chanadh e,
"Ceart gu leòr, a Mhamaidh,"
agus dhèanadh e gàire beag.



Nuair a dh'iarradh athair air Ailig
a bhith sàmhach agus suidhe aig a' bhòrd,
dhèanadh Ailig gàire ris agus chanadh e,
"Ceart gu leòr, a Dhadaidh."



Agus nuair a bhiodh Brùno, bràthair Ailig,
ag iarraidh cluich le na dèideagan uile,
dhèanadh e gàire ris agus chanadh e,
"Ceart gu leòr, a Bhrùno."



Aon latha thuir m'athair Ailig ri athair Ailig,
"Tha Ailig toilichte fad na h-ùine agus cha
dèan e dranndan. Chan fhàs e gu bhith na
mhathan greannach a-chaidh."


Mar sin thug iad e gu sgoil mhathan
greannach.

"Ionnsaichidh iad dha mar a nì e
dranndan," thuir iad.

Anns an sgoil bha aig Ailig ri dhol gu
clasaichean dranndain. Dh'fheuch agus
dh'fheuch an tidsear ri toirt air dranndan,
ach cha do rinn sin feum. Bha gàire air
aodann Ailig fad na h-ùine.



Thug an tidsear cunntas-obrach dha
mhàthair agus dha athair. Seo an cunntas.




Bha athair agus màthair Ailig brònach.
Thuir iad ri Ailig, “Dh’fheuch sinn rid
ionnsachadh gu bhith nad mhathan
greannach, ach cha do dh’obraich sin.
Cha dèanadh tu drannan.
Feumaidh tu falbh agus fuireach leat
fhèin sa choille. Chì sinn an toir sin ort
drannan.”



Mar sin dh'fhalbh Ailig a dh'fhuireach leis fhèin dhan choille.



Ràinig e uaimh bheag agus rinn e a dhachaigh innte. Bha sin a' còrdadh ri Ailig.



Nuair a bha an t-acras air Ailig bha e a' falbh air chuairt dhan choille. Bha mòran rudan rin ithe sa choille agus bha Ailig daonnan toilichte. Cha robh e a' dranndan ri rud sam bith.



Bha uaimh Ailig ri taobh aibhne.

Nuair a bha èisg a' snàmh seachad
bhiodh Ailig gan glacadh agus gan ithe.



Ach 's e bhith ag ithe na meala an rud a
b' fheàrr le Ailig na rud sam bith, agus bha
sgeap-sheillean mòr ri taobh na h-uaimhe.
Mar sin bha Ailig uabhasach toilichte agus
cha robh e a' dranndan ri rud sam bith.

Aon latha thàinig teaghlach Ailig
a shealltainn air a dhachaigh ùir.

“Tha an uaimh seo uabhasach fuar,”
thuirt a mhàthair gu greannach.

Dh'fhalbh an gàire a bha air aodann Ailig
agus thuirt e, “Is toil leamsa i co-dhiù.”





“Tha an uaimh seo uabhasach beag,”
thuirt athair Ailig gu greannach.
Bha Ailig crosta.
“Uill, is toil leamsa i co-dhiù,” thuirt e.

“Cha toil leamsa an uaimh seo,”
thuirt Brùno le dranndan greannach.
“Chan fhiach i idir, idir.”
Nis bha Ailig uabhasach crosta.





“Seo mo dhachaigh-sa agus is toil leam i,”
thuirt Ailig, le dranndan cho mòr
's a chuala Mamaidh, Dadaidh agus
Brùno riamh.

“Ailig!” thuirt iad uile.

“Is urrainn dhut dranndan!

'S e mathan greannach a tha annad!”

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS
MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO
IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Shoo Rayner 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Shoo Rayner a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a conharrachadh
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 687 2